

Sgrùdadh air an Luach as Fheàrr agus
Dealbhadh Coimhearsnachd

Comhairle nan Eilean Siar

Aithisg adhartais



Air ullachadh airson Coimisean nan Cunntasan
Dùbhlachd 2012

Coimisean nan Cunntasan

'S e buidheann reachdail, neo-eisimeileach a bhios, tro phròiseas sgrùdaidh, ag iarraidh air ùghdarrasan ionadail ann an Alba na h-ìrean as àirde a choileanadh a thaobh stiùireadh ionmhais agus cleachdadh eaconamach, èifeachdach agus buadh-mhor a dhèanamh de ghoireasan. Tha ceithir prìomh dhleastanasan aig a' Choimisean:

- sgrùdadh bhon taobh a-muigh a dhìon, leis an sgrùdadh air an Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd an luib sin
- sgrùdadh a dhèanamh a-rithist air cùisean a bha nan dragh anns a' chiad sgrùdadh, gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh riutha gu ceart
- sgrùdaidhean nàiseanta a dhèanamh air coileanadh gus piseach a thoirt air an eaconamaidh, gnothachail agus èifeachdas ann an riaghaltasan ionadail
- a' toirt stiùireadh bhliadhnail do dh'ùghdarrasan ionadail a bhios a' mìneachadh nan raointean fiosrachaidh air coileanadh a dh'fheumas iad fhoillseachadh.

Bidh an Coimisean a' dèanamh nan sgrùdaidhean airson nan 32 comhairlean agus an 45 co-bhùird agus comataidhean (a' gabhail a-steach poileis agus seirbheisean teasargain)

'S e buidheann reachdail a tha ann an Sgrùdadh Alba a chaidh a stèidheachadh anns a' Ghiblean 2000 fo Achd (Alba) Ionmhas Poblach agus Cunntasachd 2000. Tha e a' toirt seirbheis do dh'Àrd- Neach-sgrùdaidh na h-Alba agus do Choimisean nan Cunntasan. Còmhla, bidh iad a' dèanamh cinnteach gu bheil Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean poblach eile ann an Alba cunntachail airson a bhith a' cleachdadh airgead poblach ann an dòighean a tha ceart, gnothachail agus èifeachdach.

Clàr-innse

Co-dhùnaidhean a' Choimisein	4
Ro-ràdh	5
Comhairle nan Eilean Siar.....	5
Co-dhùnaidhean 2011 Coimisean nan Cunntasan	7
Geàrr-chunntas	8
Co-dhùnaidhean san fharsaingeachd.....	8
Adhartas ann an Comhairle nan Eilean Siar	10
A' comharrachadh agus a' cur an gnìomh leasachaidhean.....	10
Ceannasachd agus cultar ceasnachaidh agus leasachaidh.....	12
Adhartas air a' Phlana Leasachaidh	12

Co-dhùnaidhean a' Choimisein

1. Tha An Coimisean a' gabhail ri aithisg Stiùiriche nan Sgrùdaidhean air an adhartas a tha Comhairle nan eilean Siar air a dhèanamh ann a bhith a' dèiligeadh ris na co-dhùnaidhean aca ann an aithisg air an sgrùdadh air an Luach as Fheàrr a dh'fhoillsich a' chomhairle anns an t-Samhain 2011.
2. Tha an Coimisean a' toirt aithne dhan adhartas a tha a' Chomhairle air dèanamh. Tha e air a mhisneachadh leis na leasachaidhean a tha a' Chomhairle air a dhèanamh a thaobh modhan airson coileanadh agus ionmhas a stiùireadh. Gu sònraichte, tha e a' toirt am follais mar a dh'fhaodadh siostam stiùireadh coileanaidh taic a chur ri buill a tha air an taghadh gus a bhith nas èifeachdaiche air aire a chumail agus sgrùdadh a dhèanamh air coileanadh na comhairle. Chan eilear air na làn chothroman leasachaidh a choileanadh fhathast.
3. Tha iomagain air a' Choimisean ge-tà, nach eil adhartas air a bhith air a dhèanamh ann an cuid de raointean. Tha e na adhbhar draigh nach eil a' Chomhairle fhathast air chomas tomhas gu h-èifeachdach dè cho sàsaichte 's a tha luchd-cleachdaidh. Cuideachd, tha e cudromach aithne a chur air gum feumar barrachd adhartais a dhèanamh air mar a tha i a' stiùireadh a luchd-obrach. Feumaidh barrachd piseach tighean air ìrean crìochnachaidh nan sgrùdaidhean coileanadh obrach agus feumaidh a' Chomhairle dèiligeadh leis na h-àrdachaidhean ann an ìrean call obrach air sgàth bochdainn. Tha e cuideachd cudromach gun coilean a' Chomhairle am plana leasachaidh a tha iad air a chur an gnìomh gus dèiligeadh leis na co-dhùnaidhean aig sgrùdadh beachd nan luchd-obrach.
4. Tha an aithisg seo a' riochdachadh bun-ìre leasachaidh. Tha an Coimisean a' brosnachadh na Comhairle gus gluasad nas luaithe gu ruige leasachadh. Mar thoradh air sin, tha an Coimisean ag iarraidh air Stiùiriche nan Sgrùdaidhean sgrùdadh a dhèanamh air an adhartas a thathar a' dèanamh agus aithisg coileanaidh a dhèanamh aig àm fhreagarrach taobh a-staigh nan ath 18 mìosan.

Ro-ràdh

1. Chaidh an dleastanas reachdail air an Luach as Fheàrr ann an riaghladh ionadail a thoirt a-steach ann an Achd Riaghaltas Ionadail ann an Alba 2003. Mar thoradh air sin, rinn Cunntasan Alba conaltradh air, agus chuir iad an gnìomh, an sgrùdadh air an Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd. Tha aithisgean Luach as Fheàrr air a bhith air am foillseachadh mu gach tè den 32 comhairle ionadail a tha ann an Alba. Tha an dòigh obrach air sgrùdadh Luach as Fheàrr (LF) air gluasad air adhart gu mòr bho na ciad sgrùdaidhean a chaidh a dhèanamh air an 32 comhairle ionadail. Tha an clàr sgrùdaidh a-nis nas cothromaiche agus nas stèidhichte air cunnart; stèidhte air pròiseas dearbhadh cunnairt air a cho-roinn le buidhnean sgrùdaidh eile; nas mionaidiche air buaidh agus builean; agus air a dhealbhadh gus sealladh nas farsainge air obrach co-roinn ionadail agus an t-eadar-dhealachadh a tha e a' dèanamh.
2. Chaidh a' chiad aithisg air Luach as Fheàrr Comhairle nan Eilean Siar (a' Chomhairle) fhoillseachadh anns an Lunastal 2006. Fhuair an sgrùdadh nach b' urrainn dhan chomhairle dealas a shealltainn airson leasachadh leantainneach agus gum feumadh astar an atharrachaidh taobh a-staigh na comhairle a bhith air àrdachadh. Chaidh an dàrna aithisg air Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd fhoillseachadh anns an t-Samhain 2011. Anns an aithisg sin, thug an Coimisean am follais draghan sònraichte mu cho slaodach 's a bha a' Chomhairle a' leasachadh ann am prìomh raointean agus chaidh a ràdh gum biodh feum air aithisg bho Stiùiriche nan Sgrùdaidhean 'an ceann mu 12 mìos' a' mìneachadh an adhartais a chaidh a dhèanamh leis a' Chomhairle. Tha an aithisg sin a' coileanadh iarrtas a' Choimisein.

Comhairle nan Eilean Siar

3. Tha na prìomhachasan airson nan Eileanan Siar fhathast mar a bha iad aig an àm a chaidh sgrùdadh air an Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd a dhèanamh ann an 2011. Tha iad seo a' cumail choimhearsnachdan a' dol; a' toirt chothroman obrach; a' cumail ceanglaichean còmhdaidh; a' dèiligeadh ri buaidh deoch làidir; agus a' lùghdachadh bochdainn connaidh.
4. An dèidh taghaidhean nan ùghdarrasan ionadail anns a' Chèitein 2012, tha a' chomhairle air fuireach fo stiùir buidheann neo-eisimeileach, le 21 ball neo-eisimeileach, seachdnar buill Partaidh Nàiseanta na h-Alba agus triùir bhall Làbarach. B' e comhairlichean ùra a bha ann an 13 dhe na 31 buill. Tha an ceannard a bh' air a' chomhairle air a bhith air a thaghadh a-rithist dhan dreuchd, ach tha neach-gairm ùr air a bhith air a thaghadh.
5. Tha a' chomhairle air na structaran poilitigeach a bh' ann a chumail a' dol. Bithear a' dèanamh aontaidhean air cuspairean fa-leth an àite buidheann riaghlaidh a bhith air a' chomhairle. Tha modhan stiùiridh na còmhairle a' cumail orra gus taic a chur ris an dòigh-obrach seo.

6. Chan eil atharrachadh sam bith air a bhith ann an structar stiùiridh na comhairle no ann an sgioba stiùiridh corporra (SSG) bhon aithisg air an Luach as Fheàrr mu dheireadh. Ann an 2011/12 chosg a' Chomhairle mu £123.7 millean air a bhith a' solarachadh sheirbheisean dha a coimhearsnachdan. Tha sin a' tighinn gu mu £4,742 gach neach.

Co-dhùnaidhean 2011 Coimisean nan Cunntasan

7. Thug co-dhùnaidhean a' Choimisein an aithne gu bheil a' chuid as motha dhe na seirbheisean a' coileanadh gu math agus gu bheil taic air a chur riutha le ceannas poiliteach agus coimhearsnachd làidir, stiùireadh ionmhasail faiceallach agus modhan riaghlaidh iomchaidh. Thug an Coimisean an aithne cuideachd gun robh a' chomhairle air mothachadh far an robh leasachaidhean a dhìth agus gun robh iad air luaths an atharrachaidh a thoirt air adhart.
8. Thug an Coimisean am follais gun robh 'draghan mòra' ann ge-tà, mu cho slaodach 's a bha an t-adhartas a bha a' Chomhairle a' dèanamh anns an fharsaingeachd bhon chiad sgrùdadh air an Luach as Fheàrr ann an 2006, agus chomharraich iad gun robh feum air adhartas nas nas fheàrr ann an raointean sònraichte, na leanas nam measg sin:
 - ceannasachd nas follaisiche agus nas faicsinniche bhon àrd-oifigear agus bho sgioba stiùiridh corporra
 - plana ionmhais ro-innleachdail airson ùine nas fhaide a leasachadh
 - comhairlichean a' dol an sàs nas doimhne ann an raointean leasachaidh
 - cultar nas fheàrr a thaobh dùbhlain agus adhartas na buidhne.
9. Thug an aithisg air an Luach as Fheàrr anns an t-Samhain 2011 cuideachd gu aire raointean anns am faodadh leasachadh tachairt:
 - Stiùireadh coileanaidh
 - Modhan compàirteachais
 - Leasachadh leantainneach
 - Stiùireadh ghoireasan
 - Sàsachd an luchd-cleachdaidh
10. Tha an sgrùdadh adhartais seo a' sgrùdadh na h-ìre a tha plana adhartas na comhairle a' dèiligeadh ris na cùisean a chaidh a thoirt am follais ann an sgrùdadh Luach as Fheàrr 2011, agus a' measadh an adhartais a thathar air dèanamh gu ruige seo.
11. Tha sinn taingeil airson a' cho-obrachaidh agus an taic a tha an sgioba air fhaighinn bho Aonghas Caimbeul, Ceannard Comhairle nan Eilean Siar, Malcolm Burr, Àrd-Oifigear, Lesley McDonald, Ceannard Oifis Riaghlaidh; agus a h-uile comhairliche agus neach-obrach a bha an sàs ann. Tha sinn cuideachd taingeil dha na compàirteachasan aig an robh gnothach ris an sgrùdadh.

Geàrr-chunntas

Co-dhùnaidhean san fharsaingeachd

Tha a' chomhairle air adhartas a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh cultar dùbhlain agus adhartais. Thathar air leasachadh mòr a dhèanamh air stiùireadh coileanaidh, agus modhan-obrach compàirteachaidh agus plànadh ionmhasail a tha nam pàirtean bunaitich de Luach as Fheàrr. Chan eil luaths an leasachaidh air fas nas fheàrr idir ge-tà ann an raointean eile leithid sàsachd luchd-cleachdaidh, stiùireadh maoin agus stiùireadh luchd-obrach.

12. Ghabh a' Chomhairle ris na co-dhùnaidhean aig a' Choimisean ann an aithisg Luach as Fheàrr 2011, agus chuir iad an sàs plana gnìomh anns a' Ghearran 2012 agus Plana Leasachaidh anns an Ògmhios 2012. Tha am plana leasachaidh a' mìneachadh gnìomhan a tha a' Chomhairle am beachd a dhèanamh gus dèiligeadh ris na prìomh chùisean a chaidh a chomharrachadh anns an aithisg.
13. Tha an t-àrd-oifigear agus SSG air ceannasachd a shealltainn ann a bhith a' cur na dòigh anns a bheil a' chomhairle a' dèiligeadh ri aithisg Luach as Fheàrr an sàs. Tha comhairlichean cuideachd air a bhith cudromach ann a bhith a' leasachadh obair adhartachaidh na comhairle.
14. Tha a' chomhairle ag obair nas luaithe ann an cuid a raointean gus leasachaidhean a chur an gnìomh agus 's urrainn dhaibh dearbhadh gu bheil a' cur cultar stiùireadh coileanaidh an gnìomh. Bheir e ùine mus bi an cultar sin air a dhaingneachadh, agus bheir e ùine dhan chomhairle a' bhuidhe a dhearbhadh air builean tron t-siostam stiùireadh coileanaidh.
15. Tha an t-adhartas ann an stiùireadh coileanaidh, cuide ri taic bho sgioba plànadh coimhearsnachd na comhairle, air buaidh adhartach a thoirt air modhan compàirteachais agus an dreuchd aig Compàirteachas Plànadh Coimhearsnachd Innse Gall(CPP). Tha na compàirteachasan air an CPP air fòcas agus structar nas soilleire a leasachadh a thaobh buidhnean buil CPP, agus tha seo air cuideachadh gus piseach a thoirt air co-roinn obrach.
16. Tha a' Chomhairle cuideachd a' dèanamh adhartas air fèin-mheasadh far a bheil e a' leasachadh goireas 'Dè cho math 's a tha ar comhairle?', agus air plànadh ionmhasail far a bheil am beachd ro-innleachd ionmhasail anns an ùine-fhada a chur an gnìomh ron Ghearran 2013.
17. Chan eil a' Chomhairle air adhartas a dhèanamh air luaths leasachaidh ann an cuid de raointean cudromach, nam measg sin stiùireadh maoin, sàsachd luchd-cleachdaidh agus stiùireadh luchd-obrach.
18. Chan eil ach beagan adhartais air a bhith air a dhèanamh ann a bhith a' dèanamh measaidhean-obrach pearsanta far nach eil a' chomhairle air an amasan gus 95% dhiubh a dhèanamh a choileanadh. Bha an ìre crìochnachaidh gu sònraichte ìseal anns an dà roinn as motha aig a' chomhairle - foghlam agus seirbheisean chloinne agus seirbheisean sòisealta agus coimhearsnachd.

19. Tha na h-ìrean call obrach os cionn ìrean cuibhiseach na h-Alba. Gun beachd a ghabhail air luchd-teagaisg anns na h-àireamhan, tha na làithean call obrach air èirigh bho 10.5 latha gach bliadhna ann an 2008/09 gu 13.8 ann an 2011/12, ged a tha làithean call obrach airson luchd-teagaisg air tuiteam bho 10.0 làithean ann an 2008/09 gu 7.8 làithean ann an 2011/12, ach tha iad fhathast nas àirde na àireamhan cuibhiseach.
20. Tha comas aig a' Chomhairle plana leasachaidh Luach as Fheàrr a chur an sàs, ach feumaidh iad prìomhachasan a chur gu gnìomhan agus goireasan le clàran-àma obrach a tha reusanta agus iomchaidh. Tha cuideachd dòigh-obrach co-òrdanaichte a dhìth air raointean leasachaidh na comhairle cuideachd.

Adhartas ann an Comhairle nan Eilean Siar

A' comharrachadh agus a' cur an gnìomh leasachaidhean

Tha a' chomhairle air plana leasachaidh mionaideach a leasachadh mar thoradh air co-dhùnaidhean a' Choimisein agus aithisg Luach as Fheàrr a tha a' dèiligeadh ris na cùisean as cudromaiche air fad. Thathar a' dèanamh adhartas fhathast air a' chuid as motha dhiub sin agus tha a' Chomhairle air an t-slighe cheart.

21. Air a' 14mh dhen Ghearran ghabh a' chomhairle ri plana gnìomh mar thoradh air aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr agus co-dhùnaidhean a' Choimisein. Thug an SSG atharrachaidhean air a' phlana gnìomh gus am 'Plana Leasachaidh Luach as Fheàrr 2' a dhèanamh, agus chaidh seo a thoirt dha Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan air 21 Ògmhios 2012. Tha am plana adhartais seo a' mìneachadh nan gnìomhan sònraichte a tha a dhìth gus dèiligeadh leis a h-uile raon anns a bheil adhartas a dhìth, tha e a' cur àrd oifigear an urra ri gach gnìomh a tha a dhìth agus tha e a' mìneachadh a' chlàr-ama air cuin a bu chòir dhaibh a bhith air an coileanadh.
22. Tha na prìomh gnìomhan anns an dòigh anns a bheil a' Chomhairle a' dèiligeadh ri aithisg Luach as Fheàrr 2011 air am mìneachadh ann an Clàr 1 gu h-ìseal: Thug taghaidhean nan ùghdarrsan ionadail, a bha air an cumail anns a' Chèitein 2012, buaidh air comas na comhairle gus cuid dhe na gnìomhan a dhèanamh cho luath agus a dh'ìarradh iad.

Clàr 1

Clàr-ama dèiligeadh na comhairle ri aithisg Luach as Fheàrr 2011

Mìos	
Samhain 2011	Dàrna aithisg air Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd air a foillseachadh.
Faoilleach 2012	Tomhas-beachd luchd-obrach air a dhèanamh
Gearran 2012	Plana Gnìomh Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd air gabhail ris
Cèitein 2012	Taghaidhean ùghdarrasan ionadail
Ògmhios 2012	Luach as Fheàrr 2: Plana Leasachaidh air gabhail ris Toraidhean tomhas-beachd luchd-obrach air an toirt dhan chomataidh Pròiseas fiosrachaidh air stiùireadh coileanaidh iomlan thar na buidhne air fheuchainn mar dheuchainn aig coinneamh comataidh anns an Ògmhios Ùrachadh de ro-innleachd seirbhesiean luchd-cleachdaidh air gabhail

Mios	
	ris
Iuchair 2012	Buidhean obrach buill-oifigearan (BOBO) a' tòiseachadh air coinneachadh gu bitheanta
Lùnastal 2012	Sgioba dùbhlain fèin-luachadh taobh a-staigh a' coinneachadh airsonb a' chiad uair Cathraichean agus iar-chathraichean comataidh sheirbheisean na comhairle air am fiathachadh gus a dhol gu coinneamhan buidhean builean Compàirteas Dealbhaidh Coimhearsnachd (CPP)
September 2012	Plana leasachaidh tomhas-beachd luchd-obrach air gabhail ris.
San àm ri teachd	Ro-innleachd corporra air beachdachadh air le Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan agus a' Chomhairle (1 Samhain 2012) Ro-innleachd ionmhasail san ùine-fhada air a thoirt dhan Chomhairle (Màrt 2013)

Stòras: obair Sgrùdadh

23. Tha adhartas air a phlana leasachaidh air a thoirt an dà chuid dha Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan agus dha Comataidh Sgrùdadh agus Measadh. Stèidhich a' Chomhairle buidheann-obrach buill-oifigearan (BOBO) anns an Fhaoilleach 2012 agus chuir e ron chomataidh sin adhartas air a' phlana a sgrùdadh. Tha an t-àrd-oifigear, gach stiùiriche, ceannard oifis riaghlaidh agus cathraichean agus iar-chathraichean Comataidh Sgrùdadh agus Measaidh agus Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan ann am BOBO. Ged a chaidh a stèidheachadh anns an Fhaoilleach, cha do thòisich BOBO air coinneachadh gu bitheanta gu ruige An t-Iuchair 2012 an dèidh dhan phlana leasachaidh a bhith air gabhail ris. Tha a-nis clàr-ama mìosail air a stèidheachadh agus tha comhairlichean an sàs ann am pròiseas leasachaidh.
24. Tha am plana adhartais a' mineachadh nan gnìomhan a tha a dhìth gus dèiligeadh ris na raointean a chaidh a thoirt am follais leis a' Choimisean agus aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr. Am measg nan rudan a tha anns a' phlana tha gnìomhan gus dèiligeadh ri cùisean conaltraidh a chaidh a thoirt am follais ann an tomhas-beachd luchd-obrach ann an 2012. Tha na gnìomhan sin reusanta, agus bu chòir gun cuidicheadh iad a' Chomhairle gus dèiligeadh ris na prìomh chùisean sin. Tha comas aig a' Chomhairle am plana a chur an sàs, ach feumaidh iad prìomhachasan a chur gu gnìomhan agus goireasan le clàran-ùine obrach a tha reusanta agus iomchaidh. Feumaidh oifigearan aig àrd-ìrean agus comhairlichean am pròiseas a sgrùdadh gu bitheanta agus dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachasan ann a thaobh gnìomhan agus gu bheil iad air an co-òrdanachadh gu h-èifeachdach.

Ceannasachd agus cultar ceasnachaidh agus leasachaidh

Tha a' chomhairle a' leasachadh cultar ceasnachaidh agus leasachaidh nas èifeachdaiche agus tha i a' cur an sàs ro-innleachd chorpóra ùr agus ro-innleachd ionmhais san ùine-fhada. Feumar cumail a' dèanamh an adhartais a chaidh a dhèanamh gu ruige seo gus feuchainn air dèiligeadh ris na dùbhlain ionmhasail leantainneach a tha aig a' bhuidhinn.

25. Tha an SSG agus comhairlichean air ceannasachd a shealltainn le bhith a' brosnachadh fiosrachaidh mu na tha a' Chomhairle a' dèanamh a thaobh plana gnìomh agus adhartais mar thoradh air aithisg Luach as Fheàrr. Nam measg sin tha a bhith a' toirt air adhart gnìomhan a tha air an toirt am follais anns na planaichean, ach tha an t-adhartas air a bhith slaodach ann an cuid de raointean.
26. Tha leasachaidhean ann am modhan stiùireadh coileanadh na comhairle air ciallachadh gun urrainn do chomhairlichean a-nis barrachd sgrùdaidh agus ceasnachadh nas èifeachdaiche, agus tha àrd stiùirichean a-nis nas cunntachail dhan choileanadh aig an roinnean. Tha seo air deagh bhuidhne a thoirt taobh a-staigh na buidhne agus ann an CPP Innse Gall, far a bheil oifis àrd-oifigear na comhairle a' cur taic ri bhith a' toirt fiosrachadh mu irean coileanaidh. Tha e cudromach gu bheil an cultar a thathar a' leasachadh a thaobh stiùireadh coileanaidh a' dol tron bhuidheann gu lèir.
27. An dèidh an taghaidh anns a' Chèitein 2012 tha a' chomhairle a' dol tro phròiseas de bhith ag ùrachadh ro-innleachd corporra na buidhne, agus leudaich iad an ceann-latha airson conaltradh bho 30 dhen Lùnastal 2012 gu 12 dhen Dàmhair 2012 gus barrachd cothrom a thoirt do bhuidhnean chom-pàirteachais agus am poball a dhol an sàs ann. Chaidh beachdachadh air an ro-innleachd corporra aig coinneamh shònraichte dhen Chomhairle air 1d dhen t-Samhain 2012. Tha a' chomhairle ag amas air an ro-innleachd ionmhasail san ùine fhada a chur an gnìomh anns a' Ghearran 2013.
28. Tha e cudromach gu bheil an ro-innleachd corporra, an ro-innleachd ionmhasail agus am plana leasachaidh uile air an aon ràmh agus gu bheil gnìomhan air an co-òrdanachadh gu dòigheil. Feumaidh comhairlichean agus an SSG cumail orra a bhith a' sealltainn ceannasachd làidir ann a bhith ag adhartachadh prìomhachasan ro-innleachdail agus obair leasachaidh na comhairle.

Adhartas air a' Phlana Leasachaidh

Tha obair leantainneach ga dhèanamh air plana leasachaidh Luach as Fheàrr agus tha seo a' dol ris an ùine chomharraichte air a shon, agus tha a' Chomhairle an dùil gum bi a' chuid as motha dha na gnìomhan air an crìochnachadh ron t-samhradh 2013.

29. Tha an earrann seo dhen aithisg a' toirt beachd air an adhartas a tha a' Chomhairle air a dhèanamh air an gnìomhan co-cheangailte ris a' phlana leasachaidh, a tha air an cruinneachadh fo na còig tiotalan a leanas:

- Stiùireadh coileanaidh
- Modhan compàirteachais
- Leasachadh leantainneach
- Stiùireadh ghoireasan
- Sàsachd luchd-cleachdaidh.

Stiùireadh coileanaidh

Tha a' Chomhairle air deagh chuid adhartais a dhèanamh bhon aithisg ann an 2011 ann a bhith a' leasachadh clàr stiùireadh coileanaidh agus thathar a' dèanamh adhartas ann a bhith a' cruthachadh cultar stiùireadh coileanaidh agus leasachadh. Tha buaidh mhath aig an sin an dà chuid aig a' chomhairle agus aig a' chompanaidheachas plànadh coimhearsnachd. 'S e an ath cheum dhan chomhairle a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cultar a tha ri fhaicinn aig ìrean àrd-oifigearan agus chomhairlichean a' sruthadh tron bhuidhinn gu lèir.

30. Thug na h-aithisgean sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2006 agus 2011 am follais gun robh piseach a dhìth air modhan stiùireadh coileanaidh. Tha a' Chomhairle air deagh adhartas a dhèanamh bhon aithisg ann an 2011 ann a bhith a' leasachadh clàr stiùireadh coileanaidh. Ged a bheir e ùine gus cultar stiùireadh coileanaidh a stèidheachadh air feadh na buidhne, bheir an dòigh-obrach ùraichte agus an cleachdadh èifeachdach de Interplan (sìostam stiùireadh coileanaidh na comhairle) leigeil leis a' Chomhairle measadh a dhèanamh air buaidh a cuid obrach fhad 's a thathar ag àrdachadh ìrean sgrùdaidh agus dùbhlain le comhairlichean.
31. Fo na modhan ùraichte, tha stiùireadh coileanaidh air gach clàr-gnothaich de gach coinneamh comataidh seirbheis. Tha aithisg sgrùdaidh dhen na comharran iomchaidh bhon aonta buil singilte (ABS) air a toirt do chomhairlichean, agus bidh stiùirichean a' dèanamh taisbeanaidh anns a bheilear a' toirt aire dha na prìomh phuingean ann an coileanadh an cuid roinnean a thaobh nan comataidhean seirbheisean iomchaidh. Tha aithisgean coileanadh roinnean air an toirt cuideachd dha Comataidh Sgrùdadh is Mheasaidh agus bidh Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan gam faighinn cuideachd cho math ri làn-aithisg sgrùdaidh ABS. Tha a' Chomhairle a' sireadh fiosrachadh leantainneach gus leigeil leotha beachdachadh air dè cho èifeachdach 's a tha na modhan seo agus gus leasachaidhean sam bith a dhèanamh far a bheil sin a dhìth.
32. Tha seo a' toirt sealladh farsaing dhan h-uile comhairliche air gach comataidh seirbheis air ciamar a tha na roinnean a' coileanadh, agus tha e a' leigeil leis na comharraidhean ABS a bhith air am beachdachadh orra ann an suidheachadh iomchaidh. Tha seo air adhbhrachadh gu bheil sgrùdadh agus dùbhlain coileanaidh nas fheàrr air an dèanamh agus gu bheil na stiùirichean nas cunntasail dha na comhairlichean.
33. Tha a' chomhairle a' cumail air Interplan a leasachadh agus tha seo a' cur ri piseach tighinn air clàr stiùireadh coileanadh na buidhne. Tha an sìostam a-nis a' dèanamh ceangal nas dlùithe eadar cùiseam corporra na comhairle agus builean nàiseanta, amasan ionadail, amasan CPP Innse Gall, agus gnìomhan planaichean gnothachais seirbheis. Tha seo a' leigeil leis a' chomhairle buaidh an cuid obrach a dhèarbhadh nas èifeachdaiche, agus tha e a'

toirt ceangal nas soilleire air mar a tha gnìomhan agus euchdan a' cur ri amasan corporra agus builean nàiseanta.

34. 'S urrainn dha na comhairlichean uile Interplan fhaighinn, agus troimhe sin 's urrainn dhaibh rannsachadh mionaideach a dhèanamh air gach earrann de choileanadh na comhairle. Chan eil ach beagan fianais ann ge-tà mar a tha an siostam air a chleachadh le comhairlichean, ged a tha trèanadh air a bhith air a thabhann dhaibh mar phàirt dhen phròiseas inntrigidh aca an dèidh nan taghaidhean ionadail anns a' Chèitein. Bheireadh a bhith a' cleachdadh Interplan barrachd fiosrachaidh agus tuigse do chomhairlichean air cùisean co-cheangailte ri coileanadh, agus air cho math 's a tha an sgrùdadh agus an dùbhlán as urrainn dhaibh dèanamh
35. Tha obair a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil dòighean-obrach nas cunbhalach ann thar sheirbheisean agus roinn a thaobh stiùireadh coileanadh, agus gu bheil sgioba air a stèidheachadh gus taic a thoirt. Chan eil am fiosrachadh a bheir Interplan ach cho math ris an fhiosrachadh a thèid a chur a-steach ann agus mar sin tha e an urra ri ceannadan seirbheis fa-leth dèanamh cinnteach gu bheil laigsean sam bith anns na planaichean seirbheis air an neartachadh, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh ann nuair bu chòir agus gu bheil e ceart.
36. Chaidh seo a thoirt am follais ann an sgrùdadh a chaidh a dhèanamh taobh a-staigh na comhairle 'Sgrùdadh Coileanadh agus Modhan Sgrùdadh, An t-Iuchar 2012,¹ a thuirt gum faodadh cunnart a bhith ann nach eil an siostam Interplan daonnan na bhun-phàirt de sholarachadh sheirbheisean' agus gum faod aithriseachd 'a bhith air fhaicinn mar chlaonadh'. Thug an aithisg am follais gu bheil Interplan a' cur feum air 'barrachd leasachaidh gus piseach a thoirt air aithriseachd poblach agus co-dhùnadh na comhairle'.
37. Tha na modhan ùraichte air ciallachadh gu bheil barrachd sgrùdadh coileanadh air a dhèanamh cho math ri sgrùdadh agus dùbhlán nas fheàrr. 'S e am prìomh dhùbhlán a th' aig a' chomhairle a bhith a' dèanamh an fheum as fheàrr dhen fhiosrachadh a tha ri fhaighinn, agus ann a bhith a' dèanamh gnìomhan iomchaidh gus dèiligeadh ri cùisean a thèid a chomharrachadh.

Modhan compàirteachais

Tha a' chomhairle agus a buidhnean compàirteachaidh air deagh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh am modhan compàirteachais agus gu sònraichte an clàr aithriseachd coileanadh. Ged a tha na leasachaidhean sin aig ìre gu math tràth, tha iad a' toirt bun-stèidh làidir airson leasachaidhean leantainneach.

38. Thug aithisg sgrùdadh Luach as Fheàrr 2011 gu aire gun robh na modhan compàirteachais fhathast gan leasachadh agus nach b' urrainn dhan CPP adhartas a dhearbhadh gun robhas a' toirt deagh phiseach air builean compàirteachais. Tha deagh adhartas air a bhith air a dhèanamh ann a bhith a' cruthachadh fòcas agus structar nas soilleire dha buidhnean builean CPP. Tha an compàirteachas air crìoch a chur air eacarsaichean 'modaileadh loidsig', anns an

¹Measadh Sgrùdadh Taobh a-staigh: *Modhan Stiùireadh coileanadh agus Measaidh – Aithisg Deireannach 12/13-22*, Comhairle nan Eilean Siar, 27 Iuchar 2012

robhar a' ceangal ghnìomhan ri builean anns an ùine ghoirid, ùine mheadhan agus anns an ùine fhada. Tha na buidhnean builean a-nis nas soilleire mu na dleastanasan agus am feum, agus tha na modhan ùraichte air stiùireadh coileanaidh air taic a chur ris an adhartas seo.

39. Bidh bòrd an CPP agus am buidheann riaghlaidh aige a-nis a' faighinn fiosrachadh coileanaidh gu cunbhalach bho gach tè dhe na buidhnean builean. Tha siostam stiùireadh coileanadh na comhairle, Interplan, air a chleachdadh gus aithisgean air am bi buidhnean builean a' bruidhinn a chruinneachadh gus am bi aonta san fharsaingeachd ann air measaidhean le bhith a' cleachdadh còd dhathan (dearg, buidhe, uaine)
40. Tha ceanglaichean aithris coileanaidh chun na comhairle air fàs nas fheàrr. Tha aithisgean sgrùdaidh ABS a-nis air an roinn ann an earrannan builean agus tha fios air a chur chun nan comataidhean seirbheis iomchaidh. Tha an dòigh sin nas goireasaiche dha na comhairlichean agus tha e air am brosnachadh gus a bhith nas ceasnachail mun fhiosrachadh agus gus a bhith a' faireachdainn gu bheil barrachd dleastanais orra a bhith a' sgrùdadh adhartas compàrteachais a thaobh builean.
41. Tha obair air a bhith air a dèanamh gus àrdachadh a thoirt air an ìre anns a bheil buill a tha air an taghadh a' gabhail gnothach ri buidhnean coileanaidh. Anns an Lùnastal 2012, chuir an CPP romhpa fiathachadh a thoirt do chathraichean agus iar-chathraichean comataidhean seirbheis na comhairle a dhol gu buidhnean coileanaidh iomchaidh. Tha buill comataidh eile air a bhith air an cur ri buidhnean coileanaidh cuideachd. Tha buaidh nan gnìomhan seo ri bhith air fhaicinn fhathast, ach tha e na chomharra misneachail.
42. Thug aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 gu aithne gun robh compàrteachas CPP air a bhith ag obair còmhla gus ABS a thoirt còmhla anns an robh modhan agus amasan nas èifeachdaiche agus a bha a' dearbhadh builean nas fheàrr. Dh'aontaich an CPP ri ABS ùraichte airson 2010/11 anns an Lùnastal 2011. Bha seo na mhionaidiche agus le barrachd fòcas, le lùghdachadh bho chòrr air 100 comharra gu mu 30 àrd-chomharra le barrachd fòcas air builean. Chaidh a thoirt am follais ann am fiosrachadh air an ABS ùr bho Stiùireadair Àite Riaghaltas na h-Alba² gucomharran le fòcas bhuilean air an cleachdadh na bu trice, ach thug e cuideachd am follais gun robh obair ri dhèanamh gus barrachd cothromachaidh a ghluasadh bho thomhas thoraidhean gu builean.
43. Aig an àm seo tha an CPP ag obrachadh gus ùrachadh fhaighinn den ABS airson 2013. Tha am pròiseas an cois a bhith a' sgrùdadh agus ag ùrachadh an ABS a' ciallachadh gu bheil faireachdainn nas làidire a thaobh buntanas agus fòcas taobh a-staigh a' chompàrteachais. Tha compàrteachasan cuideachd a' faireachdainn gu bheil leasachaidhean ann an ìre buidheann builean cuideachd a' biathadh a-steach gu ruige pròiseas ùraichte, los gu bheil na buidhnean a-nis nas soilleire mun dleastanasan agus mun t-sealladh co-roinnte farsaing a tha aig an CPP.
44. Tha am fòcas agus an t-adhbhar nas follaisiche aig ìre buidheann builean cuideachd a' cuideachadh gus co-roinn obrach a dhèanamh nas fheàrr eadar compàrteachasan. 'S e an

² SOA Annual Report: Feedback from Scottish Government, Outer Hebrides Community Planning Partnership, 27 June 2012

obair leantainneach a tha a' dol air adhart eadar a' Chomhairle agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean gus ro-innleachd eaconamach co-roinnte a chruthachadh airson na sgìre aon eisimpleir dhe sin.

45. Tha an CPP air fèin-sgrùdadh a dhèanamh le bhith a' cleachdadh modail clàr leasachaidh nan seirbheisean poblach (CLSP) a chaidh a dhealbhadh le Seirbheis Leasachaidh. Tron phròiseas seo gu lèir chomharraich an compàirteachas iomadh raon a ghabhadh dèanamh nas fheàrr agus chuir iad na còig a leanas mar phrìomhachasan. Tha na prìomhachasan sin nam bun-stèidh airson plana leasachaidh ris an deach gabhail leis an CPP anns a' Ghearran 2012. Am measg nan gnìomhan a thathar ag iarraidh anns a' phlana leasachaidh tha:
 - piseach air plànadh ionmhasail co-roinnte, plànadh ghoireasan agus stiùireadh maoin
 - soilleireachd air na ceanglaichean eadar planaichean gnìomha nan compàirteachasan agus na prìomhachasan builean aonaichte
 - cothroman coiteachaidh co-roinnte a ghabhail cho tric 's as urrainn
 - sgrùdadh air ro-innleachd conaltraidh an CPP
 - soilleireachd air dleastanas buill a' bhùird.
46. Tha an t-adhartas air plana leasachaidh fèin-mheasadh air gabhail a-steach gun deach gabhail ris aig coinneamh an CPP anns an t-Sultain, a tha a' mineachadh mar a bhios na compàirteachsan ag obrachadh còmhla gus amasan dealbhadh coimhearsnachd ann an Innse Gall a leasachadh, aontachadh agus a choileanadh. Aig a' choinneamh seo cuideachd ghabh an compàirteachas ri modhan ris a bheilear a' dèiligeadh.
47. Bha an CPP air a ràdh roimhe seo nach robh e ag iarraidh gabhail ri modhan foirmeil ris am biodhte a' dèiligeadh, bhon a bha uallach air compàirteachasan gun cuingealaicheadh seo an t-sùbailteachd a bha iad dhen bheachd a bha a dhìth ann an co-theacsa Innse Gall. Ach, an dèidh molaidhean a bha ann an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr agus ann an aithisg sgrùdaidh bho thaobh a-staigh na comhairle,³ chuir an compàirteachas romhpa modhan foirmeil ris am bithear a' dèiligeadh a chur an sàs. Rinn an compàirteachas sgrùdadh air dòighean-obrach eile a chaidh a dhèanamh le buidhnean CPP eile gus an cuideachadh gu modail a chruthachadh a bhith a' dol a rèir am feumalachdan. Bheir na leasachaidhean seo structar agus fòcas nas follaisiche dhan CPP agus cuidichidh e ann an gnìomhan leantainneach a tha a' dol air adhart a thaobh leasachaidh.
48. Tha dùbhlain dreuchda fhathast ann do CPP, gu sònraichte dhan taic a thathar a' cur ri clàr stiùireadh coileanaidh. Ged a tha goireasan sònraichte aig compàirteachasan gus taic a chur ris an CPP - mar eisimpleir tha aonad compàirteachasan coimhearsnachd aig a' Chomhairle agus bho chionn ghoirid tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean air ceumnaiche fhastadh gus taic a chur ri cruinneachadh fiosrachaidh air coileanadh - feumaidh an compàirteachas dèanamh cinnteach gu bheil seo làidir gu leor airson am feumalachdan a choileanadh. Bu chòir dhan earrann air plànadh ghoireasan aig plana leasachaidh fèin-mheasadh an CPP

³ Measadh Sgrùdadh Taobh a-staigh: *Aonta builean singilte – Aithisg Deireannach 12/13-24*, Comhairle nan Eilean Siar, 31 Cèitean 2012 (air a toirt dha Comataidh Sgrùdaidh agus Mheasaidh – 20 Ògmhios 2012).

cothrom a thoirt gus sealltainn nas ro-innleachdaile air mar as urrainn dhaibh am feum as fheàrr a dhèanamh dhe na goireasan a tha ann dhaibh mar chompairteachas.

49. Tha ceannasachd agus stiùireadh làidir a dhìth bho chomhairlichean, an SSG agus na compairteachasan uile gus dèanamh cinnteach gun lean an deagh adhartas a chaidh a dhèanamh gu ruige seo agus gu dearbh gun tèid togail air. Tha na duilgheadasan ionmhasail leantainneach a tha aig na compairteachasan air fad a' ciallachadh gu bheil obair compairteachais èifeachdach deatamach gus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan poblach air an cleachdadh gu h-èifeachdach agus gu bheil iad iomchaidh dha na coimhearsnachdan ionadail.

Leasachadh leantainneach

Tha a' Chomhairle air adhartas a dhèanamh a thaobh a bhith a' cur an gnìomh innleachd fèin-mheasaidh, ach tha obair fhathast a dhìth gus piseach a thoirt air conaltradh agus gus dèiligeadh ri cùisean stiùireadh luchd-obrach, nam measg sin na h-ìrean àrda de chall obrach air sgàth bochdainn agus na h-ìrean ìseal de sgrùdaidhean obrach a chaidh a chrìochnachadh. Bhiodh e na bhuannachd dhan chomhairle nam biodh dòighean-obrach nas co-òrdanaichte ann gus dèiligeadh ris na modhan leasachaidh aca.

Fèin-mheasadh

50. Thug an aithisg sgrùdaidh luach as Fheàrr 2011 gu aire nach robh pròiseas fèin-mheasadh corporra aig a' Chomhairle gus an cuideachadh gus comharrachadh far an robh na leasachaidhean a bu mhotha a dhìth. Tha a' Chomhairle a-nis a' cur innleachd fèin-mheasadh 'Dè cho math 's a tha ar comhairle?' an gnìomh. Aig àm an sgrùdaidh seo cha robh iad air uiread de dh'adhartas a dhèanamh 's a bha iad am beachd, ach tha plana air a stèidheachadh agus tha sgioba ceasnachaidh bho thaobh a-staigh na buidhne, le riochdairean bho gach seirbheis, air a bhith air a stèidheachadh. Choinnich an sgioba airson a' chiad uair anns an Lunastal 2012.
51. Tha an sgioba ceasnachaidh os cionn eacarsaich dearbhaidh a thathar an dùil a chrìochnachadh agus aithris oirre a thoirt dhan SSG ro dheireadh 2012. Tha an eacarsaich a' dol thairis air gach roinn, agus tha a'chomhairle ag amas air coimeas a dhèanamh eadar na co-dhùnaidhean ri ùghdarras coimeasach a bhios a' cleachdadh an aon innleachd. Tha a' Chomhairle cuideachd am beachd an innleachd a sgaoileadh thar na buidhne tràth ann an 2013.
52. Ann a bhith a' sgaoileadh an innleachd, feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil plana làidir aca an gnìomh agus gun dèan iad prìomhachas air na raointean a dh'fheumar a sgrùdadh.
53. Tha comhairlichean agus an SSG air a bhith taiceil ri leasachaidhean ann am fèin-mheasadh, agus feumaidh iad leantainn orra air ceannasachd làidir a shealltainn le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' chomhairle a' dèanamh an fheum as fheàrr dhen innleachd agus gu bheilear a' coileanadh leasachaidhean mar thoradh air sin.

Stiùireadh luchd-obrach

54. Thug an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 am follais gun robh a' Chomhairle air pròiseas measadh obrach a chur an sàs anns an t-Sultain 2009, ach chaidh draghan a nochdadh mun àireamh de mheasaidhean a chaidh a chrìochnachadh. Ann an 2009/10 cha deach ach 42 sa cheud de na measaidhean-obrach a chrìochnachadh. Dh'àrdaich seo gu 73 sa cheud ann an 2010/11. Ann an 2011/12 dh'àrdaich an ìre crìochnachaidh a-rithist gu 82 sa cheud, ach tha e fhathast fo amas na comhairle gus 95% a chrìochnachadh.
55. 'S e dìreach roinn an àrd-oifigear (le ìre crìochnachaidh de 98 sa cheud) agus roinn leasachaidh (100 sa cheud) a bha os cionn ìrean nan amasan. B' ann aig an dà roinn as motha - foghlam agus seirbheisean chloinne (77 sa cheud) agus seirbheisean sòisealta agus coimhearsnachd (83 sa cheud) - a bha na h-ìrean crìochnachaidh a b' ìsle. Tha a' Chomhairle mothachail air na ìrean crìochnachaidh agus tha iad air gnìomh a chomharrachadh gus dèiligeadh ri seo anns a' phlana leasachaidh.
56. Ann an 2007/08, bha na h-ìrean a b' ìsle airson call obrach air sgàth bochdainn aig a' Chomhairle thar nan ùghdarrasan ionadail air fad ann an Alba. Bhon uair sin tha na h-ìrean air èirigh gu mòr agus tha ìrean call obrach air sgàth bochdainn (gun beachd a ghabhail air àireamhan luchd-teagaisg) air èirigh bho àireamh cuibhiseach de mu 10.5 latha ann an 2008/09 gu 13.8 làithean ann an 2011/12. Tha seo nas àirde na an àireamh cuibhiseach airson Alba a tha aig 10.4 làithean. Chaidh seo a thoirt gu aire le Scott-Moncrieff, an sgrùdaiche a chaidh fhasadh leis a' Chomhairle, anns an aithisg sgrùdadh bhliadhnail airson 2011/12.⁴
57. Thug an aithisg cuideachd am follais gun do thuit ìrean call obrach luchd-teagaisg rè na h-aon ùine bho 10.00 làithean ann an 2008/09 gu 7.8 làithean ann an 2011/12, ged a tha seo fhathast os cionn ìrean cuibhiseach na h-Alba a tha aig ìre de 6.2 làithean. Tha an aithisg a' toirt aire nach eil a' Chomhairle buileach soilleir air dè an t-adhbhar a th' ann airson an àrdachaidh anns na h-ìrean air sgàth call obrach, agus ged a tha aithris gach trì mìosan air call obrach air sgàth bochdainn air a dhèanamh, chan eilear ga dhèanamh gu cunbhalach thar nan roinnean air fad. Tha a' Chomhairle a' gabhail ris na co-dhùnidhean seo, agus thathar an sàs an-dràsta ann a bhith ag ùrachadh siostaman pàighidh agus goireasan daonnda gus leigeil le siostaman sgrùdaidh agus measaidh a bhith air an cur an sàs.

Tomhas-beachd luchd-obrach

58. Thug an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 am follais nach robh a' Chomhairle air tomhas-beachd luchd-obrach a dhèanamh bho 2008 agus gum feumte dèanamh cinnteach gun robhar a' cruinneachadh fiosrachadh bho luchd-obrach gu bitheanta. Rinn a' Chomhairle tomhas-beachd luchd-obrach anns an Fhaoilleach 2012 agus chaidh na co-dhùnidhean fhoillseachadh anns an Ògmhios 2012.
59. Gu h-iomlan bha na h-àireamhan a rinn an tomhas-beachd gu math coltach ris na h-àireamhan a rinn e ann an 2008, le àrdachadh beag bho 41 sa cheud gu 42 sa cheud. Bha na

⁴ Measadh Sgrùdadh Taobh a-staigh: *Aonta builean singilte – Aithisg Deireannach 12/13-24*, Comhairle nan Eilean Siar, 31 Cèitean 2012 (air a thoirt dha Comataidh Sgrùdaidh agus Mheasaidh – 20 Ògmhios 2012).

h-ìrean anns an dà roinn as motha aig a' Chomhairle gu sònraichte ìseal, le 23 sa cheud ga dhèanamh airson seirbheisean sòisealta agus coimhearsnachd, agus 29 sa cheud airson foghlam agus seirbheisean chloinne. B' ann aig na roinnean seo a bha na h-ìrean a bu lugha airson nam measaidhean obrach a chrìochnachadh, mar a chaidh a mhìneachadh roimhe seo ann an earrann stiùireadh luchd-obrach.

60. Anns an fharsaingeachd, tha na co-dhùnaidhean a' sealltainn gu bheil a' dèanamh adhartas gu coitcheann, ged nach urrainn coimeas a dhèanamh eadar na toraidhean seo agus an tomhas-beachd bho 2008. Tha ìrean sàsachd obrach air èirigh bho 67 gu 72 sa cheud, agus tha uair a bhith ag obair dhan chomhairle air èirigh bho 38 gu 48 sa cheud. Tha sàsachd luchd-obrach mu chùisean stiùiridh, leithid gu bheil a' brosnachadh (58 sa cheud gu 64 sa cheud), gu bheil a' brosnachadh (59 sa cheud gu 66 sa cheud), roinn obrach (55 sa cheud gu 61 sa cheud) agus tighinn gu co-dhùnaidhean (60 sa cheud gu 65 sa cheud), air a bhith air a leasachadh cuideachd.
61. Tha na co-dhùnaidhean a' toirt am follais cuid de raointean far nach eil piseach sam bith air tighinn agus far a bheil toraidhean nan draghan airson na comhairle. Ged nach urrainn coimeas dìreach a dhèanamh air na ceistean a chaidh a chur, tha comharran ann gu bheil piseach air tighinn air mar a tha deagh choileanadh air a mheasadh agus mu na buannachdan a tha an cois measaidhean obrach. Ach, tha na h-ìrean de shàsachd luchd-obrach anns an raon seo gu math ìseal. Anns an tomhas-bheachd a chaidh a dhèanamh ann an 2012 cha do dh'aontaich ach 46 sa cheud dhen fheadhainn a fhreagair gun robh aithne air a thoirt dha deagh choileanadh agus cha do dh'aontaich ach 52 sa cheud gun robh an ùine a chuir iad seachad còmhla ris an stiùiriche aca air a' mheasadh obrach na bhuannachd dhaibh. Bu chòir aire shònraichte a chur air nach robh ach 23 sa cheud dhen na daoine a fhreagair ag aontachadh gun robhar a' dèiligeadh gu h-èifeachdach ri droch choileanadh.
62. Tha a' Chomhairle air a na cùisean a tha a' nochdadh ann an tomhas-beachd an luchd-obrach a thoirt am follais agus anns an t-Sultain 2012 chaidh plana leasachaidh mar thoradh air sin aontachadh. Am measg nan rudan a tha ann am plana leasachaidh tomhas-beachd luchd-obrach tha gnìomhan co-cheangailte ri conaltradh, coileanadh, taic agus trèanadh, 's e san amharc a' chuid as motha dhiubh a chur an gnìomh eadar an Dùbhlachd 2012 agus am Màrt 2013.
63. Chan eil am plana a' comharrachadh oifigearan stiùiridh airson nan gnìomhan agus chan eil e follaiseach bhon phlana no bho aithisg na comataidh cò aige a tha dleastanas airson an cur an gnìomh. Tha aithris fiosrachaidh mun phlana gnìomh gu bhith air a thoirt dhan chomhairle gach sia mìosan. Bhiodh e na bhuannachd dhan chomhairle nam biodh dòigh-obrach nas co-òrdanaichte ann a thaobh leasachadh na buidhne, bhon a leigeadh seo le goireasan a bhith air an cleachdadh nas èifeachdaiche agus lùghdaicheadh e na cothroman gun an obair air a dèanamh barrachd air aon turas.
64. Tha na cùisean a chaidh a thogail le tomhas-beachd luchd-obrach 2012 coltach ris an fheadhainn a chaidh a thoirt am follais le tomhas-beachd 2008, agus chan eil mòran dearbhaidh ann gu bheil piseach air tighinn anns an ùine eadar an dà thomhas-beachd. Feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil an cuid gnìomhan co-cheangailte ris a' phlana leasachaidh a' dèiligeadh gu h-èifeachdach leis na cùisean a nochdas.

Conaltradh

65. Chaidh conaltradh a chur dhan phlana leasachaidh Luach as Fheàrr mar thoradh air builean tomhas-beachd luchd-obrach 2012, ged a chaidh adhartas fhaicinn bho chaidh an tomhas-beachd a dhèanamh ann an 2008. Ged a thug tomhas-beachd an luchd-obrach am follais gu bheil barrachd luchd-obrach a' faireachdainn gu bheil a' Chomhairle 'cho fosgailte agus onarach riutha 's urrainn dhi a bhith', na bha dhen aon beachd ann an 2008 (àrdachadh bho 21 sa cheud gu 29 sa cheud), cha robh 38 sa cheud dhen fheadhainn a fhreagair ag aontachadh ris. Tha àrdachadh air a bhith anns an àireamh sa cheud de luchd-obrach a tha a' faireachdainn gu bheil a' Chomhairle a' conaltradh riutha gu ceart (suas bho 32 sa cheud 45 sa cheud), ach tha còrr air 50 sa cheud dhen luchd-obrach a tha a' faireachdainn nach eil a' chomhairle a' toirt mòran fiosrachaidh dhaibh no nach eil a' Chomhairle ach a' toirt dhaibh cuid dhen fhiosrachadh.
66. Bha dealas gu ath-sgrìobhadh a dhèanamh air an ro-innleachd conaltraidh ann am plana leasachaidh Luach as Fheàrr ron Ògmhios 2012, ach cha robh pròiseas agus clàr-ùine airson seo ach air an cur a-steach gu Comataidh Poileasaidh agus Ghoireasan anns an t-Sultain 2012. Tha gnìomhan anns a' phlana leasachaidh cuideachd gus dòigh-obrach nas co-òrdanaichte a leasachadh a thaobh conaltradh coimhearsnachd, dòigh-obrach nas gnìomhaile a thaobh dleastanas luchd-obrach; a' dèanamh feum de làrach-fios 'ceangal choimhearsnachdan' gus conaltradh a bhrosnachadh; agus a' dèanamh feum de bhrath-naidheachd luchd-obrach gus aire a thogail mu stiùireadh coileanaidh taobh a-staigh na comhairle.

A' stiùireadh ghoireasan

Tha dòigh ùr-nòsach aig a' Chomhairle gus dèiligeadh ri plànadh buidseit, agus thathar a' leasachadh ro-innleachd ionmhasail san ùine fhada. Chan eil luaths an atharrachaidh anns na raointean eile, ge-tà, air fàs nas fheàrr.

Stiùireadh ionmhasail agus plànadh buidseat

67. Thug co-dhùnaidhean Coimisean 2011 gu aire gum feum a' Chomhairle 'plana ionmhasail airson ùine nas fhaide a leasachadh'. Tha a' Chomhairle am beachd an ro-innleachd corporra aca ùrachadh ron Dùbhlachd 2012 agus air ro-innleachd ionmhasail san ùine fhada aontachadh ron Ghearran 2013.
68. Ann an aithisg sgrùdaidh bhliadhnail 2011/12, dh'aontaich an sgrùdaiche a chaidh fhasadh le beachd na Comhairle ann an aithris riaghlaidh bhliadhnail gu bheil 'riaghladh agus smachd taobh a-staigh na buidhne an ire mhath èifeachdach agus gun tèid aca air dearbhachd reusanta agus chothromach a thoirt. Thug an aithisg am follais gun do rinn a' chomhairle còrr ann am maoin coitcheann de £3.5 millean ann an 2011/12, agus gun deach cosgais de £56.1 millean orra ann an cosgais calpa agus gun robh £38.5 millean dhen t-suim sin a' buntainn ri Pròiseact Sgoiltean Ùra
69. Airson plànadh bhuidseatan, tha a' chomhairle air pròiseas a leasachadh a tha freagarrach airson co-theacsa phoilitigeach na sgìre. Bidh gach comhairliche a' cur a-steach a bheachdan

air na roghainnean anns a' bhuidseat a' cleachdadh innleachd plànaidh eadar-ghnìomhach air a bheil 'Roghainnean Buidseat'. Tha am pròiseas air a mhineachadh ann an clàr 2 gu h-ìseal.

Clàr 2

Innleachd plànaidh buidseat eadar-ghnìomhach

Aig toiseach pròiseas dearbhadh buidseat bidh comhairlichean, an SSG agus buidhnean taghte eile a' faighinn innleachd plànadh buidseat eadar-ghnìomhach air a bheil 'Roghainnean buidseat'.

Tha Roghainnean Buidseat a' ruith air siostam stòr-data agus aig na h-ìrean as àirde tha e a' mìneachadh nam buidseatan airson gach roinn. Tha an sàbhaladh iomlan a dh'fheumar a dhèanamh air a shealltainn, agus airson 2012/13 's e sàbhaladh de 10 sa cheud a tha a dhìth. Tha fiosrachadh mionaideach air a thoirt taobh a-staigh gach innleachd air gach loidhne dhen buidseat, le fiosrachadh air far am faodadh sàbhalaichean a bhith air an dèanamh agus na cùisean agus na cunnartan co-cheangailte ri gach sàbhaladh.

Bidh an neach-cleachdaidh a' taghadh nan sàbhalaichean a mholadh iad gabhail ris, agus gearr-chunntas dhe na sàbhalaichean iomlan aca air a shealltainn aig an ìre as àirde. Tha e air iarraidh air gach neach-cleachdaidh tighinn an àirde le moladh a tha a' coileanadh amasan èifeachdais agus bidh am moladh sin an uair sin air a chur gu roinn an ionmhais.

Bidh aithris a bhios a' mìneachadh co mheud a bha a' cur taic ri gach moladh air a toirt aig coinneamh buidseat, aig am bi comhairlichean a' taghadh nan roghainnean a thèid a chur ann an eacarsaich conaltraidh poblach.

Tha cruth nas simplidhe de Roghainnean Buidseat ri fhaighinn air làrach-lìn na Comhairle rè a' chonaltraidh phoblaich. Tha seo a' toirt cothrom dhan t-sluagh am molaidhean fhèin airson a' bhuidseit a chur a-steach, agus tha e a' toirt fiosrachadh a bharrachd dhan phròiseas buidseataidh agus aig an àm a bhith ' leasachadh tuigse an t-sluaigh air na roghainnean duilich a tha mu choinneamh nan comhairlichean.

Stòras: Sgrùdadh Alba

Stiùireadh maoin

70. Thug an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 gu aire gun robh adhartas ann a bhith a' leasachadh dòigh-obrach corporra a thaobh stiùireadh maoin air a bhith slaodach, ach gun robh a' Chomhairle a' stiùireadh an cuid thogalaichean sgoile gu h-èifeachdach.
71. Anns an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011/12, thug an sgrùdaiche a chaidh fhadhadh gu aire gu bheil a' Chomhairle ' a' cumail air an dòigh-obrach a thaobh stiùireadh maoin a leasachadh, ach gu bheil an t-adhartas air a bhith slaodach gu ruige seo'. Tha a' Chomhairle air ro-innleachd àrd-ìre a leasachadh airson stiùireadh maoin, ach chan eil seo air a bhith air a sgaoileadh air feadh na buidhne.
72. Thathar am beachd am plana stiùireadh maoin a thaisbeanadh dhan chomhairle anns an Dùbhlachd 2012. Bidh na planaichean stiùireadh maoin agus clàran-seilbh maoin air an leasachadh aon uair 's gu bheilear air gabhail ri sin.
73. Tha an aithisg sgrùdaidh bhliadhnaidh a' toirt gu aire cuideachd gu bheil a' Chomhairle air 'aontaidhean fa-leth le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Poilis a' Chinn a Tuath

gus maoinen a roinn, agus gu bheil obair a' leantainn gus barrachd chothroman dhe leithid gus maoinen a roinn an dà chuid thar roinnean agus anns a' choimhearsnachd anns an fharsaingeachd.

Stiùireadh cunnairt

74. Thug an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 gu aire gun robh piseach a' tighinn air stiùireadh cunnairt, ach gun robh a' chomhairle air a bhith slaodach ann a bhith ag ùrachadh clàran cunnairt agus ann a bhith a' leasachadh an dòighean-obrach air stiùireadh cunnairt anns an fharsaingeachd.
75. Ann an aithisg fiosrachaidh⁵ anns an Iuchar 2012 gu Comataidh Sgrùdadh agus Mheasaidh, thug an sgrùdaiche a chaidh fhadhadh sealladh farsaing air modhan sgrùdadh cunnairt aig a' Chomhairle agus thug e gu aire 'ged a bha a' Chomhairle air ceumannan a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh modhan cunnairt, tha aice fhathast ri stiùireadh cunnairt a dhaingneachadh ann am modhan obrach làitheil'.
76. Thug an aithisg cuideachd gu aire cothroman gus modhan stiùireadh cunnairt a leasachadh le bhith:
 - A' stèidheachadh pròiseas gus cùisean coitcheann agus ceanglaichean eadar clàran cunnairt a thoirt am follais
 - A' toirt cothrom nas fharsainge air cur ri leasachadh nan clàran cunnairt do luchd-obrach aig àrd-ìrean, a thaobh anailis staitistreachd, comharrachadh inbhe agus aithisgean buidseat taobh a-staigh na buidhne
 - A' ceangal clàraidhean cunnairt na comhairle ri amasan ro-innleachdail agus gnìomha.
77. Anns an t-Sultain 2012, ghabh a' Chomhairle ri poileasaidh sgrùdadh cunnairt, ro-innleachd stiùireadh cunnairt agus ro-innleachd compàrteachais stiùireadh cunnairt. Tha buidhean cunnairt air sgrùdadh a dhèanamh air cunnart gnìomha ann an dà roinn agus tha e air na co-dhùnaidhean a thoirt do Bhuidhean Ro-innleachdail Stiùireadh Cunnairt, agus tha trèanadh do bhuill air stiùireadh cunnairt, agus trèanadh compàrteachais air stiùireadh cunnairt do dh'oifigearan air a bhith air a thoirt.
78. Tha obair air tòiseachadh gus clàr cunnart co-roinnte a chruthachadh airson an CPP, agus tha sgioba poileasaidh corporra na comhairle ag adhartachadh modùil cunnairt Interplan a tha a' faighinn taic bho oifigear cunnairt agus sgioba taic.
79. Feumaidh a' Chomhairle leantainn air gnìomhan a dhèanamh gus dèiligeadh le cùisean co-cheangailte ri stiùireadh cunnairt ann an aithisg Luach as Fheàrr agus leis an sgrùdaiche a chaidh fhadhadh.

Fastadh

80. Thug an aithisg sgrùdadh Luach as Fheàrr 2011 gu aire nach robh a' Chomhairle air an gnothach a dhèanamh inbhe aonta ri comasan fastadh bliadhna Riaghaltas na h-Alba (PCA)

⁵ *Internal Audit Review: Single Outcome Agreement – Final Report 12/13-24*, Comhairle nan Eilean Siar, 31 May 2012 (presented to Audit and Scrutiny Committee – 20 June 2012).

a choileanadh. Bha seo stèidhichte air coileanadh na comhairle ann an PCA 2010 mar a chaidh a mheasadh le Scotland Excel. Ann am PCA 2011 thug a' Chomhairle piseach air an coileanadh gu 29 sa cheud, àrdachadh de 8 sa cheud, agus tha seo air a measadh mar 'soirbheas'. Tha an t-adhartas a tha seo tarraingeachd ach tha an àireamh coileanaidh fhathast fon àireamh nàiseanta cuibhiseach a tha aig 40 sa cheud.

81. Anns an Ògmhios 2012, ghabh a' Chomhairle ri 'Ro-innleachd Fastachd 2012–14'. Am measg nan rudan a tha anns an ro-innleachd tha plana gnìomh mionaideachd agus tha e ag amas air modhan obrach fastadh a stiùireadh anns na trì bliadhna agus 'dèiligeadh an cunnart aig ìre buidhne a tha ri fhaighinn ann an àireamh a tha nas ìsle na àireamhan cuibhisean PCA'. Tha a' Chomhairle air amas de 35 sa cheud airson PCA 2012 agus 50 sa cheud airson PCA 2013 a chur mun coinneamh fhèin.
82. Bheachdaich an sgrùdaiche a chaidh fhatsdh air modhan fastachd na Comhairle anns an aithisg stiùiridh eadar-amail aca (san Iuchar 2012). Thug an aithisg iomradh air lèirmheas sgrùdaidh taobh a-staigh a rinneadh air e-fhastachd agus stiùireadh cunnraidh rè 2011/12, agus chuir e taic ris na co-dhùnidhean aig a' PhCA gu bheil feum air leasachadh a dhìth ann am modhan fastaidh na comhairle.

Sàsachd luchd-cleachdaidh

Tha a' Chomhairle air beagan adhartais a dhèanamh ann a bhith a' dèiligeadh ris na co-dhùnidhean aig an aithisg Luach as Fheàrr a thaobh sàsachd luchd-cleachdaidh.

83. Chomharraich an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 gum feumadh a' Chomhairle sàsachd luchd-cleachdaidh a mheasadh ann an dòigh nas èifeachdaiche. Tha plana leasachaidh na comhairle a' mìneachadh nan ceithir prìomh ghnìomhan air a bheil feum agus tha aon fhear dhiubh sin a-nis air a chrìochnachadh. Tha beagan adhartais air a bhith air a dhèanamh air na trì eile, agus chan eil clàr-ùine air a bhith air a chomharrachadh taobh a-staigh a' phlana leasachaidh airson nan gnìomhan seo.
84. Ghabh a' Chomhairle ri ro-innleachd sàsachd luchd-cleachdaidh ùraichte anns an Ògmhios 2012 a tha a' dol a rèir a' phlana leasachaidh. 'S e prìomh amas an ro-innleachd a bhith a' leasachadh modhan-obrach na comhairle gus dèiligeadh ri agus ceistean bhon luchd-cleachdaidh. Tha fòcas cuingealaichte a thaobh cruinneachadh agus cleachdadh fiosrachadh sàsachd luchd-cleachdaidh agus a bhith a' toirt piseach air mar a tha am fiosrachadh seo air a chleachdadh aig an ro-innleachd seo.
85. Tha an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 air a thoirt gu aire gun robh deagh dhòighean-obrach air an cleachdadh gus modhan cruinneachaidh sàsachd luchd-cleachdaidh a chruinneachadh taobh a-staigh sheirbheisean fa-leth, agus mhol e gum biodh a' Chomhairle a' cleachdadh nan deagh eisimpleirean sin airson dòigh corporra a leasachadh. Chan eil ach beagan adhartais air a bhith air a dhèanamh air roinn deagh chleachdaidhean agus ionnsachadh thar nan seirbheisean. Tha a' Chomhairle air aonta a chur ri prògram leantainneach de thomhas-bheachdan luchd-cleachdaidh a stèidheachadh ron Ògmhios 2012; gu ruige seo chan eil sin air a bhith air a chur an gnìomh.

86. Bha a' Chomhairle a' dèanamh pìdhleat air Innleachd Measaidh Sàsachd Luchd-cleachdaidh, a bha air a leasachadh le comhairlean ann an co-bhann ri Seirbheis Leasachaidh. Anns an t-Samhain 2011 bheachdaich buidheann-stiùiridh sàsachd luchd-cleachdaidh na Còmhairle air aithisg air eacarsaich pìdhleat a chaidh a ruith ann an ionad ruigsinneachd luchd-cleachdaidh ann an Talla a' Bhaile ann an Steòrnabhagh. Sheall toraidhean an tomhas-beachd ìrean-àrda de shàsachd leis an t-seirbheis, ach cha do rinn an aithisg molaidhean sam bith air an innleachd seo a sgaoileadh gu seirbheisean eile.
87. Feumaidh a' Chomhairle co-òrdanachadh nas fheàrr a dhèanamh air an ceangal ris a' choimhearsnachd agus gnìomhan conaltraidh thar sheirbheisean agus le an compàirteachasan. Tha co-òrdanachadh nas fheàrr air ceangalan agus gnìomhan conaltraidh a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi na goireasan air an cleachdadh anns na dòighean as èifeachdaiche agus gus nach eil a' choimhearsnachd a' fàs searbh de chonaltraidhean. Tha a' chomhairle cuideachd ag aithneachadh gum feum iad buaidh an gnìomhan conaltraidh a shealltainn nas fheàrr le bhith a' dearbhadh a' cheangail eadar conaltradh agus tighinn gu co-dhùnaidhean.
88. Ged a tha ceangal coimhearsnachd cudromach ann an gnìomhan na Comhairle, feumaidh e a bhith follaiseach mun fheum a th' ann fiosrachadh sàsachd luchd-cleachdaidh a chruinneachadh agus a chleachdadh. Tha sàsachd luchd-cleachdaidh na phàirt cudromach dhen fhiosrachadh air coileanadh seirbheis. Tha a bhith a' cruinneachadh fiosrachadh sàsachd luchd-cleachdaidh iomchaidh deatamach airson càileachd na seirbheis a tha a' Chomhairle a' toirt dha a coimhearsnachdan a dhearbhadh. Gun fiosrachadh air sàsachd luchd-cleachdaidh - agus gun am fiosrachadh sin a bhith air fhisge a-steach dhan framework stiùireadh coileanaidh - bidh a' Chomhairle cuingealaichte a thaobh nas urrainn dhi dearbhadh a bheil a cuid sheirbheisean a' toirt luach an airgid.

Comhairle nan Eilean Siar

Aithisg adhartais

If you require this publication in an alternative format and/or language, please contact us to discuss your needs.

You can also download this document in PDF, black and white PDF or RTF at:
www.audit-scotland.gov.uk



Audit Scotland, 110 George Street, Edinburgh EH2 4LH
T: 0845 146 1010 E: info@audit-scotland.gov.uk
www.audit-scotland.gov.uk

ISBN 978 1 907916 84 7

This publication is printed on 100% recycled, uncoated paper